



**Fèisean nan Gàidheal  
Làimhseachadh Cunnairt agus Poileasaidhean**

**Ceann-latha: 15 Ògmhios 2010.**

**Poileasaidh: Poileasaidh Làimhseachadh Cunnairt**

**Tha am poileasaidh seo na phàirt de cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal**

**Poileasaidhean Co-cheangailte:** A h-uile poileasaidh

**Adhbhar a' Phoileasaidh:** Gus dèanamh cinnteach gu bheil a' dèiligeadh ri agus a' smachdachadh chunnartan don bhuidhinn, don luchd-obrach, do luchd-tadhail agus do dhaoine a bhios a' dol an sàs ann an tachartasan.

**Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh:** Ro-innleachd is cinn-uidhe airson làimhseachadh cunnairt an lùib obair làitheil Fèisean nan Gàidheal, agus an fheallsanachd is ceumannan a tha iad a' cur an sàs gus na cinn-uidhe sin a choileanadh. 'S e a th' ann an cunnartan ann an obair làitheil Fèisean nan Gàidheal, "nuair a tha cunnart ann gun èirich call ri linn, taobh a-staigh na buidhne, ceumannan smachdachaidh, daoine agus siostaman a tha air fàilligeadh no a tha neo-iomchaidh; no ri linn nithean bho thaobh a-muigh na buidhne a bheir buaidh."

**Chaidh am poileasaidh a dhalbh le:** Iona NicDhòmhnaill, Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh

**Chaidh e mu choinneimh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha):** 01 An Gearran 2010.

**Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha):** 18 An Gearran 2010.

**Sgrùdadh mu dheireadh (ceann-latha):** An Gearran 2013

**Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' poileasaidh seo (ceann-latha):** Sa Ghearran 2014.

**Catriona Nic an t-Saoir – 18 An Gearran 2010.**

## **Fèisean nan Gàidheal Poileasaidh Làimhseachadh Cunnairt**

### **Poileasaidh Cunnairt airson Obair Làitheil agus airson a' Ghnìomhachais Adhbhar & Raon a' Phoileasaidh**

Tha am poileasaidh seo a' mìneachadh ro-innleachd is cinn-uidhe Fèisean nan Gàidheal airson làimhseachadh cunnairt ann an obair làitheil na buidhne agus a' mìneachadh na feallsanachd is nan ceumannan a tha iad a' cur an sàs gus na cinn-uidhe sin a choileanadh.

Tha am poileasaidh a' gabhail ealla ri, agus a' freagairt air, stiùiridhean mu phoileasaidhean airson cunnartan ann an obair làitheil a bhios an riaghaltas is buidhnean nàiseanta a' sgaoileadh a bhuineas ri buidhnean ealain òigridh, agus ri modhan-obrach aig buidhnean saor-thoileach.

Dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh ris a' phoileasaidh seo agus tha e a' buntainn ri gach oifis aig Fèisean nan Gàidheal agus ri Fèisean ionadail nuair a tha sin iomchaidh, a' gabhail a-steach buill a' bhùird, luchd-obrach, comataidhean ionadail agus luchd saor-thoileach.

'S e as coireach gu bheil poileasaidh làimhseachadh cunnairt aig Fèisean nan Gàidheal gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh amasan ro-innleachdail na buidhne chum mòr-mhath nan daoine ris a bheil e a' buntainn, agus le cho beag dàil 's a ghabhas, agus gun a bhith a' lùghdachadh na spèise a th' aig a' mhòr-shluagh air a' bhuidhinn, agus a' phuing mu dheireadh seo riatanach do leantailachd na buidhne. Tha an siostam smachdachaidh a-staigh air a dhealbh gus an cunnart – gum fàillig air daoine poileasaidhean, amasan is cinn-uidhe a choileanadh – a làimhseachadh, seach a bhith a' cur às dha uile gu lèir. Tha an ro-innleachd a' comharrachadh nam buannachdan a tha a' bhuidheann ag iarraidh a ghleidheadh, agus a' measadh dè an ìre cunnairt a thathar a' smaoinneachadh a tha freagarrach ann an diofar raointean, a' gabhail ealla ri sgrùdaidhean cosgais-buannachd.

### **Mìneachadh agus seòrsachadh**

Seo am mìneachadh a th' aig Fèisean nan Gàidheal air cunnart gnìomhach:

“nuair a tha cunnart ann gun èirich call ri linn, taobh a-staigh na buidhne, ceumannan smachdachaidh, daoine agus siostaman a tha air fàilligeadh no a tha neo-iomchaidh; no ri linn nithean bho thaobh a-muigh na buidhne a bheir buaidh.”

Faodaidh cunnartan obrach làitheil a bhith gu math cunnartach do dh'Fhèisean nan Gàidheal agus dh'fhaodadh iad cur às don bhuidhinn no a fàgail le duilgheadasan mòra ionmhasail.

Tha Fèisean nan Gàidheal air cànan coitcheann a dhealbh gus bruidhinn mu chunnartan a bheir frèam mìneachaidh is seòrsachaidh coitcheann do dhaoine airson cunnartan agus gus am bi an obair làimhseachadh cunnairt aice air a h-eagrachadh.

Taobh a-staigh an fhrèam seo, tha 7 fo-earrainnean aig Fèisean nan Gàidheal airson cunnartan gnìomhach, a chithear gu h-ìosal. Chithear an seòrsachadh mionaideach aig Fèisean nan Gàidheal airson cunnartan ann an Clàr Chunnartan Fèisean nan Gàidheal.

## Seòrsa

## Eisimpleir de na dh'fhaodadh tachairt

---

### Daoine

- mearachd a' cur a-staigh fiosrachadh
- manaidsearan a' tighinn gu co-dhùnaidhean uireasbhaidheach
- cion trèanaidh airson luchd-obrach
- gun luchd-obrach gu leòr
- gun a bhith leantainn phròiseasan / cheumannan
- chan eilear a' bruidhinn ri manaidsearan mu chùisean
- goid no foill taobh a-staigh na buidhne
- sgrùdaidhean fastaidh a' fàilligeadh
- conaltradh mearachdach – a-staigh / a-muigh

---

### Ceumannan

- cion smachd air riaghladh – maoineachadh / tairgsean
- cion smachd air obair a chaidh a thoirt do chunnradair – me, TF / ionmhas
- cunnradair a' fàilligeadh
- dleastanasan gun a bhith air an roinn gu ceart
- fiosrachadh riaghlaidh mearachdach / uireasbhaidheach
- cion bathar-bog taice/bathar-bog taice easbhaidheach
- poileasaidhean easbhaidheach / neo-iomchaidh
- dàta malairt mearachdach / neo-choileanta
- riaghladh corporra a' fàilligeadh

---

### Siostaman

- bathar-cruaidh a' fàilligeadh
- bathar-bog a' fàilligeadh
- lìonra / tele-chonaltradh a' fàilligeadh
- duilgheadasan aig companaidh eile a tha a' lìbhrigeadh sheirbheisean TF dhuinn
- cion dìon airson bhìorasan
- tèarainteachd siostaman / làimhseachadh fiosrachaidh easbhaidheach
- cion cumhachd aig na pròiseasairean
- pròiseasan easbhaidheach / neo-dhearbhte airson siostaman a thilleadh às dèidh call
- uireasbhaidhean a thaobh leasachadh shiostaman

---

### Nithean a-muigh a bheir buaidh

- gun a bhith a' gleidheadh bun-mhaoineachadh
- call no milleadh mòr a dh'adhbharaich nàdar
- call no milleadh mòr a dh'adhbharaich mac an duine
- buidheann no neach eile / luchd-solair a' fàilligeadh
- goid no foill taobh a-muigh na buidhne
- bristeadh san t-siostam tèarainteachd bhon taobh a-muigh
- ionnsaigh cheannairceach / chan urrainnear dol a-staigh don togalach
- Gun dealan

---

### Cliù na buidhne

- a' goid dearbh-aithne / a' mì-ghnàthachadh a' bhrand
  - a' coirb, a' maoidheadh air no a' toirt air luchd-obrach nithean a dhèanamh an aghaidh an toil
  - gun a bhith a' cumail ri reachdas na RA
  - a' bristeadh riaghailtean, càintean, daoine gar càineadh sna meadhanan
  - a' call spèis an t-sluaigh
-

## Seòrsa

## Eisimpleir de na dh'fhaodadh tachairt

---

### Laghail

- connsaid mu phoileasaidh àrachais
- connsaid mu chòrdaidhean a thaobh ìre seirbheis
- àrachas poblach is fhastaichean
- a' fàilligeadh nar dleastanasan / a' call earbsa a' phobaill
- dh'atharraich an lagha / gun a bhith a' tuigsinn an lagha ceart

---

### Ro-innleachdail

- atharraichean poileasaidh calltach
  - atharraichean calltach san eaconamaidh
  - neo-chomasach dhuinn dèiligeadh ri atharraichean
  - a' fàilligeadh oirnn ro-innleachd gnìomhachais a libhrigeadh
- 

### Ro-innleachd Làimhseachadh Cunnairt

Tha e gu mòr an urra ri Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal aontachadh dè an ìre cunnairt a bu chòir gabhail ris. Gheibh am Bòrd Stiùiridh fiosrachadh bhon Bhuidhinn Riaghlaidh (a tha ag aithris riutha a h-uile trì mìosan) mu èifeachd stèidheachadh is cur an gnìomh làimhseachadh cunnairt.

### Clàr Chunnartan

Tha an Clàr Chunnartan a' coimhead ri cunnartan mòra. Tha gach fear dhiubh seo a' buntainn ri co-dhiù aon amas ro-innleachdail a th' aig a' bhuidhinn, agus tha iad a' dèiligeadh gu sònraichte ris na cunnartan a dh'fhaodadh stad a chur air coileanadh amasan na buidhne.

### Cunnartan Mòra

'S iad a th' anns na cunnartan mòra, an fheadhainn, am beachd na Buidhne Riaghlaidh, a dh'fhaodadh droch bhuidh, no fìor dhroch bhuidh, a thoirt air gnìomhachd na buidhne air fad. Ma tha iad air a' Chlàr Chunnartan, tha sin a' ciallachadh gu bheil am Bòrd Stiùiridh den bheachd gu bheil iad nan cunnartan mòra.

### Amasan Ro-innleachdail

Chithear amasan ro-innleachdail na buidhne sa Phlana Leasachaidh Còig Bliadhna againn. Chithear làn-chunntas orra aig toiseach a' Chlàir (duilleagan\*\*), agus an uair sin, gus sealltainn dè na cunnartan a tha a' buntainn ris gach amas, tha na h-amasan air an cur ri taobh nan cunnartan sa Chlàr a tha a' toirt buaidh orra. (Tha am Plana Còig Bliadhna an-dràsta ga ùrachadh).

### Ceumannan

Am measg nan ceumannan aig Fèisean nan Gàidheal airson cunnart a làimhseachadh tha:

- ath-sgrùdadh bliadhnail air a dhèanamh le Sgioba nan Àrd-mhanaidsearan, ann an co-bhuinn ri manaidsearan a tha os cionn raointean far an deach cunnartan mòra a chomharrachadh. Thèid aithisg sgrìobhte a chur air beulaibh na Buidhne Riaghlaidh a nì meòrachadh mionaideach air cùisean, agus a nì aithris don Bhòrd Stiùiridh
- a' ceangal cinn-uidhe phearsanta aig àrd-mhanaidsearan ris na dleastanasan aig manaidsearan airson cunnartan sònraichte
- ath-sgrùdadh gach trì mìosan le Sgioba nan Àrd-mhanaidsearan air na cunnartan a tha ron bhuidhinn, agus còmhradhean cunbhalach mu chunnartan ùra agus mun t-siostam airson cunnartan a chomharrachadh
- a' cur an gnìomh molaidhean bhon sgrùdadh a-staigh agus a' toirt cunntas orra

Co-dhiù uair sa bhliadhna tha a' bhuidheann a' tomhas gu h-oifigeil a bheilear a' dèanamh gu leòr airson cunnartan a làimhseachadh. Bidh a' Bhuidheann Riaghlaidh – ris a bheil e an urra ath-sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air ceumannan Fèisean nan Gàidheal gus cunnart a làimhseachadh – a' coimhead air molaidhean nan Àrd-mhanaidsearan, feuch cò na cunnartan a bu chòir dhaibh a chomharrachadh 'mòr', 'meadhanach mòr' no 'beag'; agus feuch a bheil na ceumannan a thathar a' moladh freagarrach.

## **Prìomh Cheumnan Smachdachaidh**

Tha na ceumnan smachdachaidh a leanas aig a' bhuidhinn:

- structair stèidhichte aig a' bhuidhinn le siostam aithris is dleasan aithnichte
- Riaghailtean Ionmhasail, a' mìneachadh diofar ìrean ùghdarrais is ceadachaidh
- poileasaidhean sgrìobhte airson prìomh raointean gnìomhachd
- structar oifigeil airson riaghladh na buidhne
- riaghailtean oifigeil a thaobh dhleasan, ballrachd is ùine nan dreuchdan airson a' Bhùird Stiùiridh agus nan Comataidhean
  - sgrùdadh bliadhna air làthaireachd aig coinneamhan a' Bhùird
  - clàran-gnothaich is geàrr-chunntasan foirmeil airson coinneamhan a' Bhùird
  - làimhseachadh cunnairt a' nochdadh gu cunbhalach air clàr-gnothaich coinneamhan a' Bhùird, na Buidhne Riaghlaidh agus an Luchd-obrach
  - obair tron bhliadhna a thaobh planadh is ath-sgrùdaidhean ro-innleachdail

## **Uallach airson cunnart**

Tha ceumnan na buidhne gus cunnart a làimhseachadh ag iarraidh gum bithear 'a' ceangal cinn-uidhe phearsanta aig àrd-mhanaidsearan ris na dleasan aig manaidsearan airson cunnartan sònraichte, mar aon de na ceithir eileamaidean co-cheangailte ann am feallsanachd na buidhne airson cunnart a làimhseachadh. Tha gach cunnart an urra ri ball de Sgioba nan Àrd-mhanaidsearan no thathar air an t-uallach a thoirt do dh'oifigear.

Taobh a-staigh frèam poileasaidhean is ceumnan Fèisean nan Gàidheal gus cunnart a làimhseachadh, thathar an dùil gum bi e an urra ri daoine fa leth "le uallach":

- Sùil leantainneach a chumail air dè cho mòr sa the na cunnartan comharraichte don bhuidhinn.
- Innse don Stiùiriche agus àrd-mhanaidsearan eile ma tha ath-sgrùdadh agus/no atharraichean a dhith air modhan-obrach/gnìomhachd na buidhne, ma tha:
  - Coltas ann gu bheil cunnart a' fàs nas motha
  - Ceumnan smachdachaidh ùra a dhith
  - Coltas ann gun deach ìre cunnairt a mheasadh ceàrr
- Ath-sgrùdaidhean cunbhalach a nì na h-Àrd-mhanaidsearan air an earrainn iomchaidh den Chlàr Chunnartan a stiùireadh
- Dèanamh cinnteach gun tèid aithris mu dhraghan don Bhuidhinn Riaghlaidh, mar phàirt de na cunntasan cunbhalach a nithear mu làimhseachadh cunnairt don Bhuidhinn Riaghlaidh

Ged a tha feum aig àrd-mhanaidsearan air taic is comhairle chunbhalach bho cho-obraichean air feadh na buidhne ann a bhith a' gabhail uallach airson cunnartan (taobh a-staigh ceumnan Fèisean nan Gàidheal gus cunnart a làimhseachadh), tha na 9 cunnartan mòra sa Chlàr Chunnartan an urra ri Sgioba nan Àrd-mhanaidsearan. Chan fhaod neach bho Sgioba nan Àrd-mhanaidsearan 'le uallach' an t-uallach sin airson cunnart, no pàirt de chunnart, a thoirt do dh'oifigear eile gun aonta bhon Stiùiriche. Ma thèid sin aontachadh, thèid innse do gach Àrd-mhanaidsear, thèid a chlàradh ann an sgrìobhadh, agus thèid innse don Bhuidhinn Riaghlaidh mun t-suidheachadh ùr.

Ann an tuairisgeulan obrach, còmhraidhean measaidh agus amasan pearsanta, bithear a' gabhail ealla ri cunnartan ris a bheil ball de Sgioba nan Àrd-mhanaidsearan an urra.

## **Slatan-tomhais Cunnairt**

Tha Clàr Chunnartan Fèisean nan Gàidheal a' cleachdadh nan slatan-tomhais a leanas airson cunnart a thomhas:

Ìre Cunnairt - Beag-meadhanach mòr-mòr (air a thomhas eadar, 1 - 5)

Buailteachd - Beag-meadhanach mòr-mòr (air a thomhas eadar, 1 - 5)

Chaidh an cunnart a thomhas le bhith ag iomadachadh nan àireamhan seo, gus 'sgòr cunnairt' a thoirt dhuinn.

A rèir an sgòr cunnairt, thathar a' measadh gu bheil cunnart mòr, meadhanach mòr, no beag an lùib ghnòthaichean.

Cunnart Mòr 17 - 25

Cunnart Meadhanach Mòr 9 -16

Cunnart Beag 1 – 8

Airson tachartasan cloinne thathar a' sùileachadh gum bi an cunnart <6.